

Tha Magaidh Nic an t-Saoir ag innse mu Dheasbad Nàiseanta na Gàidhlig, farpais airson òigridh.

Pàirt 1

Bho chionn ghoirid chaidh Duaisean Gàidhlig na Bliadhna a chumail ann an Glaschu. 'S e oidhche shoirbheachail a bh' ann do Dheasbad Nàiseanta na Gàidhlig a bhuannaich duais Tachartas na Bliadhna. Thuirt Calum Iain MacLeòid, cathraiche comataidh na Deasbaid: “Tha e na urram mòr dhuinne an duais seo a ghleidheadh. Bu mhath leam taing a thoirt do gach neach a tha air taic a thoirt dhuinn anns an ùine on a chaidh an Deasbad a stèidheachadh: tidsearan, pàrantan, britheamhan, cathraichean, buidhnean a thug taic-airgid dhuinn agus gu sònraichte na sgoilearan fhèin a tha air an farpais seo a thoirt chun na h-ìre far a bheil i an-diugh.”

Chaidh an Deasbad Nàiseanta a stèidheachadh ann an 1999. Chaidh a' chiad Deasbad a chumail a' bhliadhna sin ann an Uibhist. Bho thùs, 's e amas na Deasbaid cothrom a thoirt do dh'òigridh na sgilean èisteachd 's bruidhinn aca a neartachadh. Ach thuig Comataidh na Deasbaid gum feumadh iad taic-airgid fhaighinn ma bha piseach a' dol a thighinn air an Deasbad. Bhruidhinn iad ri diofar bhuidhnean agus chaidh gu leòr de thaic-airgid a thional gus a ruith gach bliadhna. Tha an taic-airgid seo riatanach oir tha cosgais mhòr ann a bhith a' cur àiteachan-fuirich agus biadh air dòigh. Thig sgoilearan chun na Deasbaid às gach ceàrnaidh de dh'Alba agus feumar pàigheadh airson an t-siubhail.

Pàirt 2

Tha an farpais air tighinn air adhart gu mòr on a chaidh a stèidheachadh an toiseach. Tha iomadh sgoil is sgioba, bho air feadh Alba, air pàirt a ghabhail san Deasbad agus tha e air feum mòr a dhèanamh dhaibh. Tha sgilean conaltraidh nan sgoilearan air an leasachadh gu mòr le bhith a' deasbad air diofar chuspairean. Bidh measgachadh de chuspairean ann gach bliadhna: trom is aotrom, glic is gòrach.

Tha duais shònraichte a' feitheamh air an dà sgioba a gheibh troimhe chun na cuairt dheireannaich gach bliadhna – cothrom deasbad ann an togalach na Pàrlamaid ann an Dùn Èideann. Gu mì-fhortanach, cha bhuannaich ach aon sgioba Cuach na Deasbaid. Tha a' Chuach air dachaigh a dhèanamh airson bliadhna ann an iomadh baile ann an Alba ge-tà anns na bliadhnachan mu dheireadh: Dùn Èideann, Geàrrloch, Steòrnabhagh, Baile Dhubhthaich agus Inbhir Pheofharain, mar eisimpleir.

Tha e soilleir gu bheil an Deasbad air còrdadh ris a' mhòr-chuid a tha air pàirt a ghabhail innte on a thòisich i. Chan eil fhios nach fhaigh thu fhèin cothrom a dhol dhan Deasbad mus bi thu deiseil san sgoil. Ma gheibh, feuch gun gabh thu e! Ma tha thu airson barrachd fhaighinn a-mach, tadhail air làrach-lìn na Deasbaid.